



NAIDHEACHD



2 Iuchar 2010

Tha sinn aig deireadh teirm na sgoile a-nis agus bhitheamaid fada nur comain nan toireadh sibh sùil air ar naidheachd gu ruige seo.

Top Tots

Thòisich sinn prògram 'Top Tots' aig toiseach na bliadhna agus bha sinn a' dol sìos dha Talla Dhonaidh Chaimbeil gach Dimàirt fad uair a thìde. Chòrd am prògram gu mòr ris a' chloinn. Fhuair iad cothrom beagan eacarsaich a dhèanamh; a bhith a' leum is a' bocadh mun cuairt; a bhith ri leasachadh fisiceach.



Tha sinn an dùil am prògram a leantainn tron t-samhradh. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachadh anns an àm ri teachd.

Aimsir is Adan Grèine

Leis an aimsir a' fàs nas fheàrr a-nis, am b' urrainn na pàrantan dèanamh cinnteach gun tig

am pàiste a-steach le ad grèine is 'sun cream' ma dh'fheumas iad cream sònraichte aca fhèin a chleachdadh. Bidh sinne a' cleachdadh 'Nivea' airson cloinne aig 50+ spf

Bileagan dachaigh

Thòisich sinn bileagan airson na cloinne a thoirt dhachaigh; 'An Latha Agam' is 'Am Feasgar Agam'. Tha sinn an dùil gu bheil am fiosrachadh air na bileagan seo feumail dha na pàrantan agus ma tha sibh a' smaoineachadh gu bheil fios a dhith orra idir, nach leig sibh fios thugainn. Tha ur beachdan cudthromach agus tha sinn an còmhnaidh airson ar seirbheis a leasachadh le cuideachadh bho phàrantan.

Àm Cearcall

Rinn Shonagh bùird suas a tha uabhasach fhèin snog mar 'props' airson àm cearcaill a dhèanamh còmhla ris a' chloinn. Nì sinn seiseanan beaga còmhla riutha nuair a thig iad a-steach gach latha agus bidh sinn a' bruidhinn riutha mu dhèidhinn an aimsir, ciamar a tha iad a' faireachdainn, dè tha iad ag iarraidh dèanamh tron t-seisean agus dè tha iad ag iarraidh airson grèim-bìdh agus cò bhios cuideachadh.



NAIDHEACHD



2 Iuchar 2010



Chì sibh dealbhan leotha anns an trannta Fàs Mòr. Tha na seisein seo a' còrdadh ris a' chloinn agus 's toigh leotha an tagh aca fhèin a dhèanamh.

Gàradh

Tha ar gàrradh a' fàs cho math an-dràsta! Taing do Jimmy Miller agus Neil Hannah a thog dà fheannag dhuinn agus do Jhewsons a thug fiodh is top soil dhuinn saor an asgaidh. Tha sinn air glasraich a chur; buntàta, pumpkins, peasraichean is broccoli. Is a bharrachd air sin tha tòrr fhùraichean a' fàs; taing do Dhomhnall Iain (Neach-gleidhidh) aig a' cholaside airson flùraichean a thoirt dhuinn. Bidh a' chlann a' dol a-mach gach latha agus a' cur uisge orra is tha sinn an dùil gum faigh iad cothrom feadhainn a thoirt dhachaigh nuair a bhios iad deiseil.



Tha dealbhan ri fhaicinn de chlann ag obair anns a' ghàradh air a' bhalla anns an trannta no chì sibh gu bheil Shonagh ag obair air pasgan, a' cruinneachadh dhealbhan is fios mu dhèidhinn mar a tha an gàradh a' faighinn air adhart.

Basgaid Ionmhais is Heuristic play

Tha sinn feuchainn ri stuth a chruinneachadh airson basgaid ionmhais agus 'heuristic play'.



NAIDHEACHD



2 Iuchar 2010

Am biodh sibh cho math sùil a thoirt air an liosta air cùlaibh na litreach seo agus ma tha dad agaibh air an liosta nach eil sibh ag iarraidh tuilleadh, nach cur sibh thugainn iad?

Club Karate

Tha an dàrna teirm den bhuidhinn "Karate Club na Sgoile" deiseil a-nis, agus tha sinn toilichte a ràdh gun do shoirbh leis a h-uile duine sa chlas! Chaidh a' mhòr-chuid den chloinne suas dhan ath-ìre (teisteanas 3), agus tha adhartas mòr ga shealltainn anns gach pàiste!



Fhuair sinn cothrom eile (taing do Bhòrd na Gàidhlig) a dhol a dh'Inbhir Nis airson bùth-obrach Kung Fu agus Rollerbow, agus chòrd an cuairt seo ris a h-uile duine, clann agus inbhich! Tha mi airson taing mhòr a thoirt gu Marion NicAoidh a chaidh a dh'Inbhir Nis còmhla rinn mar neach-cuideachaidh (fad an latha!) agus gu

Heather Clyne a bha gar cuideachadh ann an Inbhir Nis fhèin. B' e cuairt sgoinneil a bh' ann, agus tha sinn an dòchas gum faigh sinn na h-aon chothroman an ath-bhliadhna.

Air sgàth 's nach eil Alasdair mun cuairt tron samhradh, cha bhi clasaichean Karate a' tachairt an-dràsta. Ged-thà, tha sinn airson bùth-obrach Karate a dhèanamh san Iuchar no san Lùnasdal le taisbeanadh beag dha na pàrantan aig deireadh an fheasgair. Tha mi an dòchas gum faic sinn sibh uile ann!

A chionn 's gun cuala sinn bho iomadh pàiste Sgoil Àraidh gu bheil iadsan airson Karate a thòiseachadh cho luath 's a bhios iad san sgoil, tha sinn a' beachdachadh air cothrom a thoirt dhaibh a dhol gu clas/bùth-obrach ro-làimh gus am faigh iad blas de na clasaichean.

Nuair a thòisicheas an teirm a-rithist, tha sinn airson cùisean atharrachadh a thaobh dòighean pàigheadh cuideachd, is an àite a bhith a' pàigheadh gach seachdain tha sinn ag iarraidh oirbh a bhith a' pàigheadh airson an teirm air fad. Gheibh sibh fiosrachadh mionaideach aig toiseach an t-Sultainn air uimhir nan seiseanan a tha romhainn.



2 Iuchar 2010

Club na Sgoile

Tha clann Club na Sgoile an dèidh a bhith trang san fharsaingeachd. Chur iad plana ri chèile airson gàradh beag taobh a-muigh an raon-chluich, agus mar a bhios iadsan airson a chleachdadh (dreallaig, ball-coise msaa.). A bharrachd air sin, tha a' chlann an dèidh a bhith glè chuideachail ann a bhith a' coimhead às dèidh nan lusan ùra agus nan glasraich a tha sinn an dèidh a chur a-muigh, sna feannagan, agus nì iad cinnteach gum faigh iad uisge gu leòr gach latha.

A rèir beachdan a bha aig a' chloinn fhèin, ghluais sinn an àirneis timcheall ann am Fàs Mòr air taobh 5-12 bliadhna a dh'aois, agus às dèidh iomadh bheachd ùr fheuchainn, lorg sinn dòigh a tha a' còrdadh ris a h-uile duine mu dheireadh thall!



Uaireigin tron t-samhradh, thèid oidhche fhilm

a chur air dòigh airson clann Club na Sgoile ann am Fàs Mòr. Tha sinn ag obair air taghadh fhilmichean an-dràsta, agus tha a' chlann airson clàr-bìdh le greimeannan bìdh a chur ri chèile cuideachd. Mar sin, bidh sinn a' coinneachadh ri chèile aon fheasgar ann am Fàs Mòr, ag ullachadh greim bìdh agus an uair sin a' coimhead air film còmhla! Leigidh sinn fios dhuibh cuin a thachras sin.

Tha Leo an dèidh moladh gun cur sinn tachartas air dòigh gus airgead a thogail airson latha le *white wave* (gnìomhachdan a-muigh dha chloinn), ma dh'fhaoidte tro leithid chafaidh srùpag no dùbhlán ruith msaa. Tha sinn a' feuchainn ri rudeigin den t-seòrsa sin eagrachadh san àm ri teachd.





NAIDHEACHD



2 Iuchar 2010

Ceisteachain

Sgaoil sinn a-mach ceisteachain an uiridh agus tha sinn airson taing a thoirt dha na pàrantan a lìon iad a-steach.

Fhuair sinn 10 ceisteachain air ais agus bhon na ceisteachain sin tha sinn toilichte faicinn gun robh na pàrantan uile gu math toilichte leis an t-seirbheis againn.

Bha 7/10 ag iarraidh air luchd-obrach a bhith ag obair còmhla riutha air plana leasachaidh airson a' phàiste aca.

Bha 9/10 ag iarraidh air luchd-obrach sùil a chumail air leasachadh a' phàiste aca agus am fiosrachadh seo a chleachdadh airson an cuid phlanaichean pearsanta.

Bha aon cheisteachan eile ag ràdh gun robh iad ag iarraidh uairean fosglaidh nas fhaide. A bharrachd air seo bha feadhainn eile dhe na pàrantan ag innse dhuinn gum biodh uairean fosglaidh nas fhàide feumail.

Às dèidh 'trial' fad mìos anns a' Mhàrt, chaidh am Bòrd Stiùiridh is Luchd-obrach Fàs Mòr gu cò-dhùnadh gun cum sinn Fàs Mòr fosgailte nas fhàide. Tha an t-àite a-nis fosgailte do chlann bho 8.45 gu 5.30. Feumaidh na pàrantan cumail ris na h-uairean sin, oir bidh an luchd-obrach feumach air gu leòr ùine gus ullachadh a dhèanamh sa mhadainn agus sgioblachadh a dhèanamh air an oidhche. Chan fhaigh sinn

cothrom seo a dhèanamh fhad 's gu bheil clann fhathast ann.

Luchd-obrach

Bu toil leinn taing a thoirt do Shonnie airson tilleadh fad greis gu Fàs Mòr. Tha i deiseil a-rithist an seo agus tha sinn uile a' coimhead air adhart ri leanabh beag snog aig an teaghlach.

Tha Emma Micski is Seonag Dow ag obair còmhla rinn a-nis. Thòisich Emma anns a' Ghearran, agus Seonag dìreach an t-seachdain seo. Tha Emma ag obair pàirt-thìde agus tha i an dùil, leis an ath-intake aig Himats, SVQ2 ann an 'Ionnsachadh is Leasachadh ann an Cùram-cloinne' thòiseachadh.

Bidh Seonag còmhla rinn fad mìos agus tha i anns a' chiad bhliadhna aice aig Colaisde Ayr a' dèanamh 'Early Years and Childcare'.



Fàilte orra!



NAIDHEACHD



2 Iuchar 2010

Trèanadh luchd-obrach gu ruige seo:

Tha Kirsten an dèidh a bhith soirbheachail ann an cùrsa, fad 3 latha, ann an 'Ciad Chobhair aig an Obair' leis a' chompanaidh 'Mountain Medicine' (Am Màrt 2010). Cuideachd tha i an dèidh a bhith soirbheachail ann an cùrsa 'Play and Learning into Practice' fad seachd latha, air a chur air dòigh le 'Care and Learning Alliance' (CALA) anns an t-Òg-mhios 2010.

Rinn Sìleas agus Shonagh trèanadh ann an Dìon Chloinne, GIRFEC (Getting it Right for Every Child) le CALA anns a' Chèitean agus rinn Sìleas cùrsa 'A' brosnachadh is a' leasachadh cànan am measg cloinne òga'.

Bha trèanadh againn am mìos seo ann an 'O Bhreith gu trì - a' toirt taic don chloinn as òige againn'. Bha seo fosgailte do luchd-obrach Fàs Mòr agus daoine air a' Bhòrd Stiùiridh.



Cafe Fèis

Bidh Cafe Fèis againn shìos anns an Talla Ard a' Bhàsair air Dimàirt 20mh dhen Lùnastal. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh anns an àm ri teachd mu na h-uairean is eile.

Bhithinnsa fada nur comain nam b' urrainn

pàrantan bèicearachd is ceapairean a dhèanamh airson an latha.

Tha sinn cuideachd long duine a bhios deònach duaisean 'raffle' a thoirt dhuinn.

Tha sinn an dùil airgead a bharrachd a thogail airson an làr taobh a-muigh anns an raon-cluiche. Tha sinn cuideachd an dùil ar raon-cluiche leudachadh taobh a-muigh far a bheil an fheur air beulaibh Fàs Mòr; leis a sin tha a' chlànn airson dreallaige is trampoline mòr fhaighinn. Bidh sin a' toirt barrachd chothroman dhaibh a bhith ri spòrs agus eacarsaich a-muigh.

Nam b' urrainn dhuibh cuideachadh le seo thig is bruidhinn rin no cur post-d thugainn.



Facal bho Neach-Cathrach Bòrd Stiùiridh Fàs Mòr

O chionn goirid bha Bòrd-Stiùiridh Fàs Mòr a' coimhead airson duine a bharrachd a bhios deònach a chuideachadh le obair a' Bhùird. Le sin tha mi fhìn (Mairi Ord) is Fiona NicFhionghain air a bhith 'co-opted' mar a chanas iad sa Bheurla, dhan a' Bhòrd.

Tha sinn airson Fàs Mòr a bhith nas fosgailte



NAIDHEACHD



2 Iuchar 2010

dhan coimhearsnachd air fad, is le sin, tha diofar beachdan againn agus bhiodh e uabhasach math do bheachdan fhaighinn air an leanas:

- Diofar seisein a chur air dòigh far an tig cuideigin a-staigh do Fàs Mòr 's a leughadh sgeulachdan dhan a' chloinn òige, no a' dèanamh ealain còmhla riutha no a' cluich le pupaidean, m.s.a.a.
- Clasaichean Gàidhlig airson pàrantan, a' cleachdadh na dòighean teagasg aig Ulpan agus an clas a chumail ann am Fàs Mòr fhèin.
- Tha buidheann de pàrantan a' gabhail fois airson tì, cofaidh is craic gach Dihaoine 'sa mhadainn. Am biodh ùidh aig pàrantan tighinn a-steach - can aon turas gach mìos - bidh fàilte mhòr air a h-uile duine 's gheibh sibh tì, cofaidh 's bèicearachd.
- Diofar aoidhean bhon a' choimhearsnachd againn a' tighinn a-staigh agus a bhruidhinn ris a' chloinn is na luchd-obrach air cuspairean sònraichte, m.e. bèicearachd, ealain, obair saoirsneachd m.s.a.a. gus am faigh iad cothrom Gàidhlig Shlèitich ionnsachadh. Bhiodh sinn air leth thoilichte cluinntinn bho duine sam bith aig am biodh ùidh ann an seo no ma tha beachd agaibh air duine a bhiodh

deònach pàirt a ghabhail nach leig sibh fios thugainn.

Mairi Ord, Neach Stiùiridh Bòrd, Fàs Mòr

Fiosrachadh bho Phàrantan

Bu toil leinn an cothrom seo a chleachdadh gus faighneachd do phàrantan dè na beachdan aca air na puingeann an leanas.

Bhon sgrùdadh an uiridh le Coimisean a' Chùraim, thug iad comhairle do luchd-obrach Fàs Mòr coinneamhan a chumail le pàrantan mu dhèidhinn na cloinne aca; cothrom bruidhinn mu dhèidhinn adhartas na cloinne aca agus mu dhèidhinn an t-seirbheis. Tha sinn an dùil rudeigin a chur air dòigh san am ri teachd gus am faigh pàrantan cothrom tighinn a-steach gach teirm is bruidhinn rinn.

Tha feum againn cuideachd beachdan fhaighinn bho phàrantan a thaobh fiaclan a ghlanadh. Am biodh seo math a thairgse mar pàirt dhen t-seirbheis againn? Nam b' urrainn dhuibh post-d a chur thugainn no bruidhinn rin ann am Fàs Mòr fhèin.

Cuimhnichibh gu bheil gu leòr cothroman agaibh ur beachdan a chur thugainn. Tha cairtean anns an trannsa Fàs Mòr agus tha bòrd geal shuas far an urrainn dhuibh ur beachdan a sgrìobhadh



NAIDHEACHD



2 Iuchar 2010

air post-it note is a chur suas. Tha sinn an còmhnaidh ag iarraidh ur beachdan airson ar seirbheis a leasachadh.

Prìsean Ùra

An dèidh rannsachadh a dhèanamh air prìsean cùram-cloinne sa Ghaidhealtachd, tha Bòrd Fàs Mòr air tighinn gu co-dhùnadh cìsean cùram-cloinne ann am Fàs Mòr àrdachadh bhon 1ad den Lùnastal.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh anns an litir a' gleidheadh àite airson ur pàiste ann am Fàs Mòr.

Ma tha ceist sam bith agaibh mu dheidhinn seo feuch gun tig sibh a bhruidhinn ri luchd-obrach no buill a' Bhùird aig Fàs Mòr.

'S e buidheann carthannais a th' ann am Fàs Mòr nach eilear ga ruith airson prothaid agus 's ann bho na cìsean a phàigheas pàrantan is luchd-cùraim a tha tuarastal agus cosgaisean obrach an ionaid a' tighinn. Tha Fàs Mòr a' faighinn taic-airgid bho Comhairle na Gaidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cuideachd.

Seachdain Teaghlaichean Gàidhlig

Bidh Seachdain Teaghlaichean Gàidhlig a' tachairt an ath-sheachdain eadar 5-9mh dhen

Iuchar. Bidh sinn gu math trang tron t-seachdain sin, leis a sin, ma bhios sibh a' fònachd airson gleidheadh a dhèanamh gun fios a leigeil dhuinn ann an tìde gu leòr, cha chuir sinn geall gum faigh ur pàiste àite.

Mòran taing airson seo a leughadh. Tha sinn an dòchas gum bi deagh làithean-saora aig a h-uile duine agus mur bhios sibh còmhla rinn chì sinn sibh a-rithist an ath-theirm.

**Tapadh leibh,
Fàs Mòr**



2 Iuchar 2010

Cuid de na dealbhan as fheàrr leinn an teirm seo!



Fàs Mòr | Sabhal Mòr Ostaig | Slèite | An t-Eilean Sgitheanach | IV44 8RQ

Fòn: 01471 888 366

Tha Fàs Mòr na charthannas, clàraichte ann an Alba air 10mh Gearran 2004